

# Dhan Uisge

Ag amas air sgilean èisteachd  
a leasachadh aig Àrd-Ìre Gàidhlig


FILEANTA

 **Stòrlann**  
Nàiseanta na Gàidhlig



# Ro-ràdh

Calum MacIleathain



Anns na beagan mhìosan a dh'fhalbh tha luchd-amhairc BBC Alba air a bhith a' faighinn toileachas bho shreath de phrògraman goirid mu shnàmh air a bhlàr a-muigh air a bheil *Dhan Uisge*.

Do phreasantair a' phrògram *Calum MacIleathain* bha an dà chuid spòrs is dùbhlain na lùib. Air duilleagan 3 agus 4, tha Calum a' toirt iomradh air mar a fhuair e tro na dùbhlain gus prògram spòrsail is fiosrachail a thoirt gu buil. Leugh an earrann a leanas mus tòisich thu air obair tro na prògraman...



“Carson?”

Nuair a chluinneas neach gum bi mi ri snàmh a-muigh, 's e sin an dearbh cheist a bhios aig a' mhòr-chuid, agus beagan amharais nan sùilean.

“A bheil thu às do chiall?”

Ma dh'fhaoidte gu bheil – cò dhearbhas?



'S ann a tha uisge gam thoirt beò. Tha rudeigin sònraichte mu dheidhinn. Falbhaidh dragh agus iomagain às m' inntinn agus gheibh mi sealladh gu tur ùr air an t-saoghal. Faighnich do neach sam bith a bhios ri snàmh is innsidh iad an dearbh rud dhut. 'S ann a bheir e togail dha m' inntinn. Cha mhòr gun tèid latha seachad anns nach leum mi a-steach do loch air choreigin.

Tha mi air snàmh a-muigh airson grunn bhliadhnaichean, agus leis gu bheil ùidh mhòr agam ann an dealbhaireachd, bhithinn a' togail dhealbhan. Thòisich mi air blog, le dealbhan is sgrìobhadh ([www.goneoffswimming.com](http://www.goneoffswimming.com)) agus an dèidh sin, dh'iarr BBC *The Social* gun dèanainn filmachean goirid dhaibh. 'S ann a thòisich an sreath *Wild Swimming in Scotland* airson nam meadhanan sòisealta. Choimhead na milleanan air cuid dhiubh air Facebook! Mar thoradh air seo, chuir sgioba Gàidhlig a' BhBC beachd a-steach gu cuairt coimiseanaidh BBC ALBA – agus 's ann mar sin a nochd Dhan Uisge. Chaidh co-dhùnadh na prògraman a chumail goirid – nas coltaiche ri stuth air na meadhanan sòisealta.

Ged a bha mi air leth toilichte an cothrom fhaighinn – bha aon chnap-starra ann: nach ann a bhiodh againn filmeadh tron gheamhradh! Rinn mi fhèin, Alasdair MacIlleathain (Stiùiriche is Camara) agus Nick Roxburgh (Neach-sàbhailteachd BBC Scotland) ar slighe mun cuairt air Alba airson faisg air cola-deug, a' filmeadh ann an iomadh àite. Thadhail sinn air lochan, tràighean, aibhnichean, fiù 's lòn ann an uamh! Rinn sinn filmeadh ann an deich àitichean, feuch deagh mheasgachadh fhaighinn. 'S e àitichean iomallach, leithid Abhainn Duchairidh an Taobh Siar Rois a b' fheàrr leamsa, ach chaidh mi cuideachd gu Loch Laomainn, dìreach turas goirid à Glaschu.



Bha feum againn coiseachd dà uair a thìde far nach eil rathaidean gus Abhainn Duchairidh a lorg. Dh'fheuch mi snorcaladh ann an uisgeachan mòinteach Loch Loinne gus seann drochaid a lorg – cha robh seo idir ciallach! Cha robh mi a' faighinn anail cheart tron snorcal agus chaidh m' fhàgail ann an tuaineal aon trup! Tha cuimhne agam tadhal air Sloc an Altramain anns an Eilean Sgitheanach: bha feum againn solais mhòra a ghiùlan a-steach – agus sùil a chumail air ìre na mara gus am faigheadh sinn air ais a-mach! Shnàmh mi air cùl beanntan àrda a' Chuiltheann – far a bheil each-uisge a' tighinn beò! Am faca mi e? Feumar sùil a' thoirt air a phrògram...



Ged a bhios mi gu tric a' snàmh às aonais deise-fhluich, cha robh seo comasach airson Dhan Uisge. Bha feum agam a bhith anns an uisge airson uairean a thìde gach latha – gus na diofar dhealbhan a thogail, agus an sgeulachd airson gach àite innse gu ceart. Ged as e prògraman goirid a th' anna, cha bheag an obair gus an dèanamh. Air an latha mu dheireadh feumaidh mi a ràdh gun robh mi sgìth, agus beagan greannach. Tha snàmh a' còrdadh rium, tha filmeadh a' còrdadh rium ach caillear beagan den tlachd nuair a dh'fheumas tu gach rud a dhèanamh 's docha dhà neo trì thursan! B' e seo a' chiad bhliadhna a chùim mi orm a' snàmh gu ceart tron gheamhradh. Air thoiseach air an fhilmeadh fhèin, bhithinn a' dol is a' seasamh ann an lochan airson còig, deich mionaidean tron t-Samhain agus an Dùbhlachd. Tha mi mothachail a-nise air an eadar-dhealachadh a thàinig orm. Tha mo bhodhaig a-nis fada nas tapaidhe agus nas treasa ann an uisge fuar. Thèid agam air fiù 's snàmh fo dheigh a-nise, mar a rinn mi anns an loch as àirde an Alba – Loch Coire an Lochain!

An dèidh Dhan Uisge, dè an ath phròiseact snàimh, ma-tha? Uill bu thoigh leam snàmh anns gach coire loch ann an Alba. Chuala mi gu bheil còrr is còig ceud coire ann – ged nach eil loch anns gach tè aca. Nuair a thèid mi ann, cruthachaidh mi ealain air choreigin; dealbhan, film, sgrìobhadh. Miltean mòra de choiseachd is mìltean mòra de dh'uisge fuar. Chan iarrainn an còrr.



# Prògram 1

## Abhainn Ducharaidh



- Feuch gum bi na freagairtean agad cho fiosrachail 's a ghabhas.
- Tha na comharran a' nochdadh dhut cia mheud puing a dh'fhaodadh a bhith an cois do fhreagairtean.



1. Tha Calum a' toirt dhuinn fiosrachadh mionaideach aig toiseach a' phrògram a thaobh far a bheil e.  
Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh seo. **3**
2. Dè an seòrsa àite as fhèarr le Calum? **3**
3. Dè am fiosrachadh a tha Calum a' toirt seachad mun àite shònraichte sa a bheil e sa phrògram seo? **6**
4. Dèan geàrr-chunntas air na prìomh adhbharan a th' aig Calum airson a bhith a' snàmh a-muigh. **5**
5. Thoir seachad fiosrachadh air na tha Calum ag ràdh mu easan. **1**
6. Dè an co-dhùnadh gu bheil Calum a' tighinn mun àite seo? **1**
7. Ainmich an rud mu dheireadh a tha Calum airson a dhèanamh? **1**





## Sgilean teicnigeach



Beachdaich air a' phrògram air fad.

8. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Thoir seachad eisimpleirean air mar a chleachd Calum **fealla-dhà** gus stoidhle aotrom a chur air a' phrògram. 3
- (b) Sgrìobh eisimpleirean air mar a chleachd Calum **ìomhaigheachd**. 3
- (c) Ciamar a chleachd Calum **ìoranas**? Lorg aon eisimpleir. 1



## Faclan ùra...

- 1. oidhirp
- 2. cruth-tìre
- 3. sloc
- 4. glumag
- 5. eas
- 6. iomagain
- 7. dìomhair
- 8. anam
- 9. càradh
- 10. builgean
- 11. sanasachd
- 12. ruighinn

# Prògram 2

## Abhainn Garadh



- Feuch gum bi na freagairtean agad cho fiosrachail 's a ghabhas.



- Tha na comharran a' nochdadh dhut cia mheud puing a dh'fhaodadh a bhith an cois do fhreagairtean.



1. Thoir fiosrachadh mun àite anns a bheil Calum an-diugh. 3
2. (a) Dè an rud a bhios Calum a' dèanamh mus bi e a' snàmh? 1  
(b) Seall dè na rudan cudromach air am bi e a' smaoinichadh. 4
3. Tha Calum a' toirt dhuinn tòrr comhairle tron phrògram seo. Dèan geàrr-chunntas air na rudan a tha e ag innse dhan luchd-amhairc. 4
4. Sgrìobh geàrr-chunntas air eachdraidh an àite. 4
5. Thoir fiosrachadh mun t-sìde is mun uisge anns a bheil Calum a' snàmh. 3
6. Dè, a bharrachd air snàmh, a bhios Calum a' dèanamh nuair a bhios e a' tadhal air àiteachan mar seo? Thoir eisimpleirean nad fhreagairt. 4
7. (a) Dè an dùbhlán a tha Calum a' cur roimhe fhèin faisg air deireadh a' phrògram? 2  
(b) Inns mar a chaidh dha a' chiad turas a dh'fheuch e. 2





## Sgilean teicnigeach


Beachdaich air a' phrògram air fad.

8. Stoidhle agus Sgilean Cànain:
- (a) Thoir eisimpleirean air mar a chleachd Calum **fealla-dhà** gus stoidhle aotrom a chur air a' phrògram. 5
  - (b) Lorg agus sgrìobh eisimpleirean air mar a chleachd Calum **ceistean** gus ceangal a dhèanamh ris an luchd-amhairc. Na tog air freagairtean sam bith eile a chleachd thu. 2
  - (c) Lorg dà eisimpleir a tha a' sealltainn mar a chleachd Calum structar-seantans gus innse mun character aige. Na tog air ceistean. 2



## Faclan ùra...

1. feachd(an)
2. ghèill (a' gèilleadh)
3. goileach
4. sruth
5. sguabadh





# Prògram 3

## Sanna – Àird nam Murchan



- Feuch gum bi na freagairtean agad cho fiosrachail 's a ghabhas.
- Tha na comharran a' nochdadh dhut cia mheud puing a dh'fhaodadh a bhith an cois do fhreagairtean.



1. Carson a tha Calum den bheachd gu bheil Alba air leth math airson snàmh sa mhuir? 1
2. Thoir fiosrachadh mun àite far a bheil Calum a' snàmh an-diugh. 4
3. (a) Carson a dh'fheumas 'gu leòr aodaich' a bhith air Calum an-diugh? 2  
(b) Dèan liosta den aodach a bhios air Calum. 1
4. Carson a bhios Calum a' dèanamh tòrr ruith? 2
5. Dè an dùbhlán a tha Calum a' cur roimhe fhèin an-diugh? 2
6. Ciamar a tha suidheachadh na mara air atharrachadh bho thòisich Calum air dèanamh air an eilean? 2
7. Ainmich na beathaichean air an robh Calum an tòir. 3
8. Inns dè am fiosrachadh cruinn-eòlasach a tha Calum a' toirt dhuinn aig deireadh a' phrògram. 2





## Sgilean teicnigeach



Beachdaich air a' phrògram air fad.


9. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Thoir eisimpleirean air mar a chleachd Calum **iomhaigheachd** gu h-èifeachdach anns a' phrògram. **2**
- (b) Ciamar a chleachd Calum **ceistean** airson fhaireachdainn a shealltainn? Sgrìobh aon eisimpleir. **1**



## Faclan ùra...

1. pailteas
2. sruth-mara
3. stuagh/tonn
4. paiste





# Prògram 4

## Sloc an Altramain



1. Thoir fiosrachadh mionaideach mun àite anns a bheil Calum a' snàmh an-diugh. 3
2. Mìnich an cunnart a dh'fhaodadh a bhith ro Chalum an-diugh. 3
3. Inns mun bhuidh a th' air a bhith aig daoine air an àite. 2
4. Dè na rabhaidhean a tha Calum a' toirt mu bhith a' rannsachadh uamh mar seo? 2
5. A rèir Chalum, dè tha agus nach eil anns an uaimh? 5
6. Inns beachd Chalum air an amar bheag a tha san uaimh. 1
7. Dè lorg Calum fon uisge agus carson a bha sin ri lorg anns an uaimh? 2
8. Dè na blasan a th' air an 'reòiteag'? 3
9. Aig deireadh a' phrògram, dè na beachdan a th' aig Calum air an àite mar amar-snàmh? 2





## Sgilean teicnigeach

Beachdaich air a' phrògram air fad.

10. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

- (a) Thoir eisimpleir air mar a chleachd Calum **ìomhaigheachd** gu h-èifeachdach anns a' phrògram. **1**
- (b) Ciamar a chruthaich Calum **tòna aotrom** anns a' phrògram? Sgrìobh aon eisimpleir. **2**
- (c) Thoir eisimpleir air mar a chuir Calum **fèin-mhagaidh** gu feum anns a' phrògram. **3**
- (d) Ciamar a chuir Calum ceistean gu feum airson ceangal a dhèanamh ris an neach-amhairc? Thoir aon eisimpleir. **1**



## Faclan ùra...

1. muir tràigh
2. muir làn
3. clach-aoil
4. fìor-uisge
5. glumag





# Prògram 5

## Eilean Luinn



1. Thoir geàrr-chunntas air ro-ràdh Chalum. 3
2. Thoir fiosrachadh mionaideach mun àite anns a bheil Calum a' snàmh an-diugh. 3
3. Inns mu na duilgheadasan a dh'fhaodadh a bhith ro Chalum an-diugh. 3
4. Seall carson a tha Calum a' bruidhinn mu dhiofar bheathaichean. 2
5. Ciamar **agus** carson a tha Calum a' gabhail beagan fois? 3
6. Carson a tha Calum iomagaineach ann an suidheachadh mar seo? 2
7. Thoir geàrr-chunntas air turas Chalum chun an eilein (bhon àm a nì e co-dhùnadh gu bheil an t-àm ann tòiseachadh). 9
8. Dè an co-dhùnadh a th' aig Calum? 3





## Sgilean teicnigeach



Beachdaich air a' phrògram air fad.


9. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Sgrìobh eisimpleir air mar a chuir Calum **structar-seantans** gu feum airson sealltainn gu bheil e, mas fhìor, a' smaoinichadh tòrr mu dheidhinn fhèin. **1**
- (b) Thoir eisimpleirean air mar a chuir Calum **tòna aotrom** gu feum anns a' phrògram. **2**
- (c) Seall mar a chleachd Calum **'cearcail'** eadar toiseach agus deireadh a' phrògram. **2**



## Faclan ùra...

- 1. anabarrach
- 2. goileach
- 3. lìonadh
- 4. tràghadh
- 5. marbh-shruth
- 6. muir-tiachd
- 7. gun dàil
- 8. cala
- 9. brosgalach



# Prògram 6

## Loch Ma-Ruibhe



1. Thoir geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt seachad mun àite anns a bheil e a' snàmh an-diugh. 5
2. Carson a tha Calum a' stad aig a' chiad eilean? 2
3. Dè na h-adhbharan a th' aig Calum airson a bhith ann an suidheachadh mar seo? 3
4. Dè an **dà** rud a tha a' cur iongnadh air Calum? 2
5. Dèan liosta de na tha ri fhaicinn air Eilean Ma-Ruibhe. 3
6. Dè na rudan a lorg **no** a chunnaic Calum aig bonn an locha? 2
7. Dè an rud '*prìseil, iongantach*' a tha ri lorg air Eilean Shùbhainn? 1
8. Mìnich carson a tha Calum air a dhòigh aig deireadh a' phrògram? 3






## Sgilean teicnigeach

Beachdaich air a' phrògram air fad.


8. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum **structar-seantans** gu feum airson an fhadachd a bh' air a dhèanamh soilleir. **1**
- (b) Seall, le eisimpleirean, mar a chleachd Calum **fealla-dhà** gu h-èifeachdach anns a' phrògram. **2**
- (c) Seall, le eisimpleirean, mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cleachdadh **fèin-mhagadh** anns a' phrògram. **2**



## Faclan ùra...

1. miann
2. milltearan





# Prògram 7

## Loch Loinne



1. Thoir geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. 3
2. Carson nach eil an Rathad A87 na phrìomh rathad an-diugh? 3
3. Mìnich carson a tha Calum air tighinn gu Loch Luinne. 2
4. Dè tha Calum ag ràdh mu phìos den t-seann rathad? 2
5. Dè am fiosrachadh a th' air an t-seann mhapa (bho 1880)? 2
6. Dè na rudan a tha Calum a' toirt leis agus carson a tha e a' toirt aon dhiubh leis? 5
7. A rèir Chalum, dè tha iongantach mun t-seann rathad? 2
8. Mìnich na tha Calum ag ràdh mun drochaid? 3
9. Dè tha Calum, mas fhìor, a' smaoinichadh a thachair dhan drochaid? 3
10. Cò ris a tha an seann rathad aig bonn an locha coltach, a rèir Chalum? 1



## Sgilean teicnigeach



Beachdaich air a' phrògram air fad.


10. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

- (a) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum ris an fhìrinn gus sealltainn gur ann ri fealla-dhà a tha e. 1
- (b) Thoir eisimpleir air mar a chuir Calum taghadh-facail gu feum gus cuideam a chur air mar a chaidh an suidheachadh sa bheil e atharrachadh. 1
- (c) Seall, le eisimpleir, mar a chuir Calum structar-seantans gu feum gus aire an luchd-amhairc a chumail. 1



## Faclan ùra...

1. uisge-dealain
2. tart
3. cumhang
4. sgoltadh
5. sloc
6. aithreachas





# Prògram 8

## Loch Laomainn



1. Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. 5
2. Cò ris a tha an loch coltach an taca ris na h-àiteachan àbhaisteach anns am bi Calum a' snàmh? 2
3. Ainmich 'cnapan-starra' a th' anns an loch. 2
4. Inns dè an dòigh a th' aig Calum airson measadh a dhèanamh air cho glan 's a tha an t-uisge anns a bheil e a' snàmh. 1
5. Carson a bhios e a' cleachdadh 'baga' nuair a bhios e a' snàmh? 4
6. Dè a' chomhairle a tha Calum a' toirt mu bhith ag ithe agus a' snàmh? 1
7. Dè th' air a ràdh mun aimsir agus mun àm den bhliadhna? 3
8. Dè chòrd ri Calum mun latha aige? 3



## Sgilean teicnigeach



Beachdaich air a' phrògram air fad.

9. Stoidhle agus Sgilean Cànain:

- (a) Thoir eisimpleirean air mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cur **ioranas** gu feum anns a' phrògram seo. **3**
- (b) Seall, le eisimpleir, mar a tha Calum a' toirt togail air a' phrògram le bhith a' dèanamh **fèin-mhagadh** air fhèin. **3**



## Faclan ùra...

1. cnap-starra
2. roghainn
3. spionnadh





# Prògram 9

## Loch Coir' Uisge



1. Dè an dòigh anns a bheil suidheachadh Chalum diofraichte bhon àbhaist an-diugh? 2
2. Dèan geàrr-chunntas air an fhiosrachadh a tha Calum a' toirt dhuinn mun àite anns a bheil e an-diugh. 7
3. Dè tha a' còrdadh ri Calum mun àite dha bheil e a' dol? 2
4. Dè an coimeas a tha Calum a' dèanamh eadar a' chiad turas a bha e aig Loch Coir' Uisge agus an turas seo? 2
5. Thoir seachad fiosrachadh air a' bheul-aithris a tha co-cheangailte ris an loch? 1
6. Dè an **dà** amas a bh' aig Calum? 2
7. '*Cò dh'iarradh na b' fheàrr na sin.*' Carson a tha Calum a' tighinn chun a' cho-dhùnaidh seo? 3





## Sgilean teicnigeach




8. Stoidhle agus Sgilean Cànan:

- (a) Seall, le eisimpleirean, mar a chleachd Calum **taghadh-facail** gu sgileil anns a' phrògram seo. 2
- (b) Thoir eisimpleirean air mar a rinn Calum feum de dh'**ìomhaigheachd** anns a' phrògram seo. 2



## Faclan ùra...

1. tùsaire
2. àibheiseach





# Prògram 10

## Eilean Eisdeil



1. Sgrìobh geàrr-chunntas air na dh'ionnsaicheas sinn mu Eilean Eisdeil. 4
2. Dè an sealladh a th' aig Calum air an eilean? 3
3. (a) Dè an dùbhlán a tha Calum a' cur roimhe fhèin?  
**agus**  
(b) Seall **nach bi** seo furasta dha. 2
4. Dè am fathann a th' ann mun àite anns a bheil Calum a' snàmh? 1
5. Dè dh'fheumas Calum a dhèanamh mus leum e agus carson? 2
6. Mus leum Calum, dè na rudan a tha, mas fhìor, a' cur dragh air? 3



## Sgilean teicnigeach



7. (a) Le eisimpleirean, seall mar a bha Calum soirbheachail ann a bhith a' cleachdadh **structar** anns a' phrògram seo. **2**
- (b) Seall mar a chuir Calum **fealla-dhà** gu feum gus strì (mas fhìor) eadar e fhèin agus feadhainn eile a thoirt am follais. **3**
- (c) Le eisimpleirean, seall mar a chuir Calum **taghadh-facail** gu feum gus tòna aotrom a chruthachadh. **1**
- (d) Seall mar a bha Calum soirbheachail le bhith a' cur ris **an fhìrinn**. **2**



## Faclan ùra...

1. Earra-Ghàidheal
2. fòghnaidh
3. uachdar
4. riarichte
5. troigh
6. taing do shealbh

